

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

BEACHD BHÒRD NA GÀIDHLIG AIR DREACHD BHUIDSEIT NA H-ALBA

17 An t-Samhain 2010

Thig atharrachadh air an dòigh anns a bheil pròiseactan Gàidhlig agus buidhnean Gàidhlig gam maoineachadh an dèidh do Riaghaltas na h-Alba innse an-diugh mar a thathas a' gluasad a' Bhuidseit air adhart chun na Pàrlamaid airson a dheasbad. Nochd an Riaghaltas an-diugh anns an dreachd Buidseit, a thèid aontachadh tràth anns a' bhliadhna-ùr leis a' Phàrlamaid an Dùn Èideann, gum bi Bòrd na Gàidhlig, a' bhuidheann reachdail le uallach airson na Gàidhlig a leasachadh, a' call £309,000 (5.7%), sìos gu £5.1 millean, anns a' bhuidseit aca airson 2011-12. Fhuair am Bòrd am bliadhna (2010-11) £5.4 millean.

A' bruidhinn air a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig a' ghearradh air Gàidhlig anns an fharsaingeachd agus obair a' Bhùird gu sònraichte, thuirt an Cathraiche, Art MacCarmaig: "Tha Bòrd na Gàidhlig mothachail air na dùbhlain a tha mu choinneimh an Riaghaltas agus a h-uile buidheann a tha a' faighinn an cuid maoin bhon sporan phoblach. Bidh e nar rùn buaidh a' ghearraidh air an planaichean againn a lughdachadh, gu seachd àraidh is gu bheil a h-uile duine gu math tuigseach mun t-suidheachadh dòrainneach agus cugallach anns am bheil Gàidhlig. Taobh-staigh a' cho-theacs sin, bidh sinn a-nis a' mion-sgrùdadh an fhirosrachaidd a th' againn bhon Riaghaltas feuch ciamar as fheàrr a thèid againn air ar cuid stòrais a roinn a-rèir ar n-amasan mar a tha iad air an lìbhrigeadh anns a' phlana-gnìomh againn, Ginealach Ùr na Gàidhlig, mar dhrochaid chun ath Phlana Nàiseanta airson na Gàidhlig. "Tha e gu math follaiseach gu feum sinn coimhead gu dlùth ri na dòighean anns a bheil sinn a' làimhseachadh ar cuid stòrais, sruth an airgid agus mar a thèid againn air an luach as fheàrr a bhuinnig asta – biodh sin tro obair nam buidhnean Gàidhlig fhèin, no tro cho-oibreachadh agus innleachdan eile. Feumaidh sinn barrachd a dhèanamh le nas lugha de stòras, agus chan eil Bòrd na Gàidhlig ann an uidheachadh nach eil mu choinneamh buidhnean eile. "Leanaidh sinn oirnn mar Bhòrd ag obair còmhla ri Riaghaltas na h-Alba, buidhnean Gàidhlig, ùghdarrasan ionadail agus buidhnean eile chun an teachd-a-mach as fheàrr a ghabhas, leis an ionmhas a th' againn. Thairis air an ùine a tha romhainn bidh sinn a' cur loidhne às-ùr air na h-innleachdan lìbhrigidh againn mu choinneimh nan atharrachaidhean ann an uidheachadh an ionmhais, a' gabhail ris nach deach an aontachadh buileach fhathast le Pàrlamaid na h-Alba. Bidh sinn a' coinneachadh ri na buidhnean Gàidhlig a tha gam maoineachadh leis a' Bhòrd cho luath 's as urrainn dhuinn a

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



chòmhradh mu bhuaidh sam bith a dh'fhaodadh a bhith aig na chuala sinn an-diugh. Tha sinn air tòrr adhartais a dhèanamh ann an leasachadh na Gàidhlig anns na bliadhnaichean a th' air dhol seachad, mar a chualas an-diugh aig co-labhairt an fhoghlaim an Dùn Èideann. Tha e nar rùn, agus bidh sinn a' cur romhainn togail air a sin, seach fhuasgladh no a chall air dhòigh sam bith.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



BÒRD NA GÀIDHLIG RESPONDS TO DRAFT BUDGET STATEMENT

17 November 2010

Proposed changes in funding arrangements for Gaelic confirmed in today's budget announcements by the Scottish Government will lead to realignment of funding streams which support Gaelic organisations and projects. The Scottish Government has detailed in the draft Budget which will be presented to the Scottish Parliament for approval in the New Year that Bòrd na Gàidhlig, the statutory agency with responsibility for the development of Gaelic, will have its annual budget reduced for 2011-12 by £309,000 (5.7%) to £5.1million. The Bòrd's current budget (2010-11) is £5.4million.

Commenting on the proposed changes in financial allocation to Gaelic and Bòrd na Gàidhlig in particular, Cathraiche (Chair), Arthur Cormack said: "Bòrd na Gàidhlig recognises the challenges being faced by Government and all publicly funded agencies. It will be our aim to mitigate any potential impact this financial blow may have on our plans, particularly as it is recognised by everyone that Gaelic is in such a vulnerable position. Within that context, we will now be examining the information received from Government to see how we can best allocate the resources we have in line with the aspirations we have detailed in our action plan, Ginealach Ùr na Gàidhlig, as a bridge towards the next National Plan for Gaelic. "We clearly have to take a very close look at how all our funding streams are managed and how we can get the best value out of them, in terms of delivering our plans through the efforts of Gaelic organisations and other collaborative initiatives. More will have to be achieved with less and in that respect Bòrd na Gàidhlig is no different from any other organisation. "Bòrd na Gàidhlig will continue to work with the Scottish Government, Gaelic organisations, local authorities and other bodies to achieve the best possible outcomes with the funding which is available. Over the coming days and weeks we will be realigning our delivery mechanisms to meet the new circumstances should the Budget proposals be finally agreed by the Scottish Parliament. We will be meeting all the Gaelic organisations which receive funding from the Bòrd as soon as possible to discuss any potential implications today's announcement may have. A great deal of progress has been made in Gaelic development in recent years, as was highlighted at today's education conference in Edinburgh. We still aim to build on that, rather than unravel any of it."